



An t-Isean Lachdann



Air ath-innse le Margaret Nash • Dealbhan Elisabeth Moseng

An t-Isean Lachdann



Air ath-innse le Margaret Nash
Dealbhan Elisabeth Moseng
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill



An t-Isean Lachdann


STÒRLANN • ACAIR



Uair bha siud bha Mamaidh Tunnaig ann
le iseanan beaga buidhe.
Ach bha aon isean mòr lachdann ann.
“Chan e isean tunnaig a tha annad,” thuirt i.
“Tha tú ro lachdann.”




Thuirt na h-iseanan eile,
“Isein Lachdainn, Isein Lachdainn,
teich às a seo. Teich!”
Leum na h-iseanan tunnaig dhan lòn.



Leum Isean Lachdann dhan lòn.
Bha e airson cluich còmhla ri na tunnagan beaga,
ach steall iad uisge air.
“Teich às a seo. Teich! Chan eil sinn gad
iarraidh,” thuirt iad.



Chunnaic Isean Lachdann na clearcan.
“An cluich sibh còmhla rium?” thuirt e.
“Cha chluich,” thuirt na clearcan.
“Chan e cearc a tha annad.”
Agus shad iad gràn air.



Chunnaic Isean Lachdann na clearcan frangach.

“An cluich sibh còmhla rium?” thuirt e.

“Cha chluich, chan e cearc fhrangach a tha annad,” thuirt na clearcan frangach agus shad iad connlach air.



“Teich!” dh’èigh na tunnagan.

“Teich!” dh’èigh na clearcan.

“Teich!” dh’èigh na clearcan frangach.

“Teich às a seo!”



Theich Isean Lachdann.
Ruith e fon fheansa.




Chaidh e a-steach dhan t-seada
agus cha tainig e às.



Bha Isean Lachdann uabhasach brònach.
Chuir e a cheann fo a sgèith.
“Cha chluich creutair còmhla rium,” thuirt e.
“Tha mi ro ghrànda.”



Thàinig an t-earrach.
Chunnaic Isean Lachdann eala air an
loch.



Shnàmh an eala a-steach.
Shnàmh Isean Lachdann a-mach.
“Nach tu tha brèagha,” thuirt Isean Lachdann.
“Tha thusa brèagha cuideachd,” thuirt an eala.



Choimhead Isean Lachdann anns an uisge.
“S e eala a tha annam!” thuirt e.
“Trobhad còmhla riumsa,” thuirt an eala,
agus sgèith iad air falbh còmhla.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Margaret Nash 1996

A' chìad foillseachadh 1996

99
10 9 8 7 6 5 4

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghadarasan a tha riachdaichte air MRG. Na còraichean uile
glèidhde. Chan fhaodar pùirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an òrig sam bith gun chead
ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann
Gheibhearr clàr-catalogaich airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann

Tha Margaret Nash a' deasadh còir mhòrlata airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clo-bhualite le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 792 5